

# BLAIR DOUGLAS

## LEANAIDH MI – I WILL FOLLOW

### LEANAIDH MI

Tha 'n cridhe seo, gun fhois 's fo bhròn  
Tha 'n cridhe seo, gun sunnd 's fo leòn;  
Ach tha an gràs mar dharach san t-sion  
Mar ròs san fhàsach.

Leanaidh mi, fo sgiath do ghaoil  
Leanaidh mi, feadh an t-saoghail;  
Leanaidh mi, fo sgiath do ghràidh  
Leanaidh mi, Leanabh an Àigh.

'S am buaireadair, le olc na ghruaidh  
Am buaireadair, chan fhaigh e buaidh;  
Oir tha a ghealladh gun bhrìgh 's gun luaidh  
Mar phòg bhon chealgair.

Leanaidh mi...

'S ged tha an oidhche gun truas 's gun tlàths  
'S ged tha an oidhche gun bhàidh 's gun bhlàths;  
Tha do Ghlòir is tha do Ghràs  
A' deàlradh tron dorchadas.

### GAOL A' CHIUBAIR

Chaidh mi sìos gu Cnoc an t-Sithein  
Madainn ghrianach sa Mhàigh;  
Feuch am faicinn mo luaidh, an cìobar  
Le ceum sunndach suas am bràigh'.

Ach cha chluinninn fead air mòintich  
Ged a shiubhail mi gach cùil;  
'S nuair ghabh mi rathad Chrò nan Caorach  
Bha na deòir a' dalladh mo shùil.

Fàth mo bhròin, gaol a' chiobair  
Fàth mo bhròin, an cìobar bàn;  
Fàth mo bhròin, gaol a' chiobair  
Fàth mo bhròin, an cìobar bàn.

'S nam faighinn gealladh bhon chiobar  
Chuirinn fios gu luchd Chinn t-Sàil';  
'S le cead bho m' athair is bhom mhàthair  
Rachainn chun a' chlàir gun dàil.

Fàth mo bhròin, gaol a' chiobair...

Tha 'n cìobar treun, tha 'n cìobar gasta  
E cho sìobhalt', calma 's còir;  
'S e mo mhiann bhith leis a' chiobar  
A' còmhnaidh còmhla ris gu bràth.

Fàth mo bhròin, gaol a' chiobair...

### RÈITEACH MÒIR BHÀN

Tha mise dol gu rèiteach, an taigh Ruairidh Sheumais  
Tha mise dol gu rèiteach aig Micheal 's Mòr Bhàn;  
Tha mise dol gu rèiteach, an taigh Ruairidh Sheumais  
Tha mise dol gu rèiteach, aig Micheal 's Mòr Bhàn.

Bidh piobaire 's fìdhleair, cluich caismeachd is ruidhle  
Ceòl beothail 's brìghmhor, 'son Micheal 's Mòr Bhàn;  
'S bidh òrain 's bidh bàrdachd, bidh fealla-dhà, 's bidh càirdeas  
Bidh oidhche bhios àghmhor 'son Micheal 's Mòr Bhàn.

Tha mise dol gu rèiteach...

Cuiridh sinn fàilte chridheil air muinntir na sgìre,  
'S bidh cuirm mar bu chùbhraidh 'son Micheal 's Mòr Bhàn;  
'S molaidh sinn am pàrantan, am peathraichean, 's am bràithrean  
'S òlaidh sinn deoch-slàinte, "Micheal 's Mòr Bhàn".

Tha mise dol gu rèiteach...

### AM PÌOBÀIRE MISGEACH

Sèist:  
Am piobaire misgeach, 's esan tha truagh  
Chuir e an t-eagal air deas is air tuath;  
Am piobaire misgeach, 's esan tha truagh  
Theab e an sgìr' a chuir dhan uaigh.

Chuala iad an othail a' tighinn bhon t-sabhal  
Bigeil neo-cheòlmhor, mar mhiogadaich gobhair;  
Thubhairt Seonaidh Uilleim, "Nach neonach am fuaim?  
Gleadhraich na mallachd, tha sinne fo ghruaim."

Choirhead e tro uinneig, 's ghlaodh e do chàch  
"Tha 'm fear ud san t-sabhal, am fìor dhroch chàs!"  
Dh'fhosgail an doras 's choirhead iad a-steach  
Bha 'm piobair' ag èirigh 's b' uabharr a dhreach."

Thàinig am piobair' a-mach às an t-sabhal  
'S thòisich e spàgail, air ais is air adhart;  
Air feadan airgid, no feadan òir  
Cha chuala MacCruimein a leithid de cheòl.

### MO GHAOL-SA DIOMHAIR

Thug thu bhuam m' àgh 's mo dhùil  
'S thug thu bhuam mo dhilse;  
Thug thu 'n deàlradh às mo shùil  
Le do bhriathran mine.

Fad gach oidhche 's fad gach là, tha mo spiorad cianail  
Fad gach oidhche 's fad gach là, tha mo ghaol-sa diomhair.

Gheall thu airgead 's gheall thu òr  
Gheall thu dhòmhs' an domhain;  
Beartas, 's urram, 's òmhadh, 's glòir  
Ach mheall thu mi gun chùram.

Fad gach oidhche...

Is duilich leam gun d' chreid mi 'n sgeul  
Is duilich leam mar tha mi;  
Blas do phògan, mar chuimhne chèin  
Mi 'n seo leam fhèin gam lèireadh.

Fad gach oidhche...

### BARRAIGH GHRÀDHACH [DACHAIGH M' ÀIGH]

Gathan gealaich air Heabhal  
Fois is faileas air Tràigh Eais;  
Loch na h-Òb, aig laighe na grèine  
Seallaidhean a thogas spèis.

'S cuimhnichian air làithean m' òige  
Buain 's ceangal fo bhlàths an fhoghair;  
'S rè na h-oidhche, còmhla ri m' chàirdean  
Seinn 's a' dawns' an taigh Bean Eòghainn.

Ged a thairg thu òr is airgead  
'S ged a thairg thu beartas 's bàidh;  
Cha mhalairt mi, m' eilean àraich  
Barraigh ghràdhach, dachaigh m' àigh.

Gathan gealaich air Heabhal  
Fois is faileas air a' Chaol;  
Tha m' anam 's m' aigne, fìor-shitheil  
A dh'fhaicinn Barraigh, m' àite gaol.

Ged a thairg thu òr no airgead  
'S ged a thairg thu beartas 's bàidh;  
Cha mhalairt mi, m' eilean àraich  
Barraigh ghràdhach, dachaigh m' àigh.